



Teisteanais  
Nàiseanta  
2024

**X832/76/11**

**Àrd-Ìre**

DICIADAIN, 29 CÈITEAN

9:00 M – 10:50 M

**Gàidhlig  
Leughadh**  
Gàidhlig Reading

**Comharran gu lèir — 30**

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar na deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



\* X 8 3 2 7 6 1 1 \*

## Comharran gu lèir — 30

### Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

Tha an colbh-bheachd ‘Saoghal Ùr’ a’ nochdadh ann am pàipear ionadail. An t-seachdain seo tha Sìne Nicleòid a’ sgrìobhadh.

#### Inbhich an latha an-diugh!

5 An oidhche roimhe ’s mi a’ coimhead air prògram nàdair mu bheathaichean fiadhaich air an telebhisean, bhuail e orm gur e fìor dheagh phàrantan agus thidsearan a th’ annta: ag altram, a’ dìon agus a’ deasachadh an cuid chloinne ann an sgìlean beatha a chumas beò iad san àm ri teachd. Siud am mathan bàn agus a pàiste air an sgrìon ma-thà. Cha b’ urrainn dhomh ach  
5 coimeas a dhèanamh eadar na beathaichean ud agus daoine aineolach (mi-fhìn nam measg) aig a bheil clann a tha fada nas siùbhlaiche na iadsan.

Cha robh agam ri feitheamh ro fhada gus dearbhadh fhaighinn air seo agus mi fhathast nam shuidhe a’ coimhead a’ phrògram. Bha m’ fhòn-làimhe ri mo thaobh agus chlisg mi nuair a chuala mi bìgeil — an robh cuideigin air fios a chur thugam? Dh’fheuch mi ris an teacs a leughadh an  
10 toiseach . . . J dol n8? Aon uair ’s gun do dh’eadar-theangaich mi cainnt choimheach an teacs, thòisich mi air strì gus na putain cheart a bhruthadh gus fios ciallach a chur air ais. Gun rabhadh, chaidh am fòn a spionadh às mo làimh. Ach nuair a thionndaidh mi airson trod ris a’ mhèirleach, cò bh’ ann ach mo mhac òg, le coltas crosta air agus e a’ crathadh a chinn. Tharraing e anail,  
15 a’ dèanamh cinnteach gun cuala mi e. “Dè bha thu a’ feuchainn ri ràdh co-dhiù?” thuirt e, a’ coimhead air an t-seann fòn mar gur e cùis nàire a bh’ ann agus gum biodh e doirbh dha inneal a bha cho fada, fada a-mach à fasan a chur gu dol. Mar phàist’, dh’inns mi dha am freagairt a bha mi am beachd a chur. Le òrdagan a’ dol mar an dealanach, bha am fios air falbh ann am priobadh na sùla. Rinn e osna ’s e a’ leigeil air gun robh fhoighidinn buileach air a thrèigsinn. “Dad sam bith eile an-dràsta?” dh’fhaighnich e, a’ tilgeil a’ fòn air ais thugam mar gur mise a dh’iarr cuideachadh  
20 sa chiad dol a-mach. A’ faireachdainn gu beag feum, choimhead mi le farmad air a’ mhathan bhàn air an TBh agus i a’ sealltainn dha mac òg mar a ghlacadh e ròn. Choimhead mi air a’ mhac eirmseach, fhoghlamaichte agam fhìn agus thuig mi cho fortanach ’s a bha mi gun robh esan ann airson sgìlean beatha ionnsachadh dhòmhsa. Bha am fòn na thàmh a-rithist, a’ cnuasachadh air an ath dhùbhlán a chuireadh e romham a dhèanadh òinseach dhìom a-rithist. Dh’fhaodainn a bhith  
25 ceàrr . . . am faca mi aodann beag buidhe cruinn agus e a’ dèanamh lachan gàire air an sgrìon . . . ?

Cha b’ fhada gus an robh mo chuid laigsean air an taisbeanadh a-rithist, GU POBLACH! Nam thidsear àrd-sgoile, tha teicneòlas mar phàirt de mo bheatha làitheil ach chan ionnan sin agus comas a chleachdadh! Aig toiseach aon leasain, bha mi a’ feuchainn ri bhidio air an eadar-lìon a shealltainn dha na sgoilearan. “Dèan ùrachadh air!” thuirt fear dhiubh. Ùr-ach-adh? Bha an clas  
30 air aire a chall agus bha mi fhìn a’ fàs iomagaineach is an leasan a’ tuiteam às a chèile orm mar thaigh-sneachda sa ghrèin. “Fosgail uinneag eile!” dh’èigh tè bheag bhragail, a’ feuchainn gun a bhith a’ gàireachdainn (agus a’ fàiligeadh). Dh’fhairich mi fallas air mo lethcheann . . . “Deagh bheachd,” shaoil mi.

Sa mhionaid mhì-chofhurtail ud, cha robh guth air a’ mhathan bhàn agus a cuid sgìlean. Cha  
35 b’ urrainn dhòmhsa a bhith cho ealanta air coimpiutair ris na daoine òga air mo bheulaibh. Cha robh mise air mo chuariteachadh le leithid nam òige. Mise a b’ àbhaist a bhith a’ cur litrichean tron phost gu mo charaidean-sgoile sna saor-làithean! Nuair a mhìnich mi seo dhan chlas, bha e mar gun robh mi a’ toirt leasan eachdraidh dhaibh. Choimhead iad orm le nàdar de spèis bhon a bha mi cho sean is mi fhathast beò, agus tàire leis nach b’ urrainn dhan tidsear aca dad a  
40 theagasg dhaibh.

- Ach cha robh na trioblaidean teicneòlais air an rèiteach fhathast. “A bheil sibh airson ’s gun cuidich mise sibh?” dh’fhaighnich fear èasgaidh, modhail agus e mothachail nach robh cùisean a’ gluasad buileach cho luath ’s a bu mhath leis. Chuir mi fàilte mhòr chridheil air gu beulaibh a’ chlas agus shuidh e san t-seathar agam, làn choltas air gun robh smachd aige air a’ ghnòthach.
- 45 Ghleus e a làmhnan os cionn a’ choimpiutair. Thòisich e air cliogadh agus air briogadh, air bualadh agus air bruthadh, na corragan eòlach a’ gluasad gu sgileil, sgiobalta, a’ toirt nam chuimhne mo sheanmhair a’ fighe stocainn air ceithir biorain. Mu dheireadh, nochd an dearbh dhealbh a bha a dhìth orm shuas air an sgrion. Sheas an gaisgeach òg mar gun robh e air rocaid a thoirt às na speuran ’s air ais gu talamh dhomh.
- 50 “Dè an obair a bha gu bhith againn an-diugh co-dhiù?” dh’fhaighnich eòlaiche eile agus sùil aige air a’ chloc. Thog mi mi fhìn gu h-àrd, dìreach air beulaibh a’ chlas ’s mi a’ feuchainn ri toirt orra a chreidsinn gun robh an leasan a-nise gu bhith mìorbhaileach. “Sàbhailteachd air-loidhne,” thuirt mi le misneachd. An e mo mhac-meanmna a bh’ ann no am faca mi trustar beag a’ toirt breab do dh’fhear eile fon deasg mar gun robh mi air rudeigin èibhinn a ràdh? O a bhith mar mhathan bàn
- 55 le ròn mòr reamhar na beul. Chuireadh na cuileanan beaga acrach fàilte air an tidsear thapaidh aca an uair sin!

Coma leat teicneòlas! Bha mise riamh a’ creidsinn ann an gliocas nan seanfhacal. Tha fear ann a bhios ag ràdh, “mar a chì na big, nì na big”. Huh! Freagarrach gu leòr a thaobh nam mathan bàn ach gun chiall do dh’inbhich a tha sàraichte, cailte ann an saoghal ùr an latha an-diugh!

## Ceistean

COMHARRAN

**Freagair na ceistean a leanas. Cho tric ’s is urrainn dhut, bu chòir dhut na faclan agad fhèin a chleachdadh nad fhreagairtean.**

Coimhead a-rithist air loidhnichean 1–6.

1. Seall, le eisimpleirean às an teacsa, mar a tha taghadh-facail air a chleachdadh airson coimeas a dhèanamh eadar daoine agus beathaichean. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 7–11.

2. Seall, le eisimpleirean, mar a tha e follaiseach nach eil an sgrìobhadair eòlach air bhith a’ cleachdadh fòn-làimhe. Bu chòir dhut bualadh air structar-seantans agus taghadh-facail. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 11–20.

3. Seall, le eisimpleirean, mar a tha an sgrìobhadair a’ dèanamh follaiseach cò aig a bheil smachd air an t-suidheachadh. Bu chòir dhut bualadh air ìoranas, structar-seantans agus ìomhaigheachd. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 23–25.

4. Seall, le fianais, mar a tha pearsanachadh air a chleachdadh airson sealltainn mar a tha am fòn a’ cur dragh air an sgrìobhadair. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 26–28.

5. Le fianais, beachdaich air na diofar fhaireachdainnean a bhiodh aig an sgrìobhadair aig an àm seo. 2

**Ceistean (a' leantainn)**

Coimhead a-rithist air loidhnichean 28–33.

6. Seall, le eisimpleirean, mar a tha aineolas an sgrìobhadair a thaobh teicneòlas a' cur bacadh air obair an tidseir. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 34–37.

7. Nad bheachdsa, dè an t-amas a tha aig an sgrìobhadair anns na loidhnichean seo? Mìnich do bheachd le fianais às an teacsa. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 41–49.

8. Seall, le eisimpleirean, mar a tha an sgrìobhadair a' toirt dealbh dhuinn air cho comasach 's a tha am fear a thàinig airson cuideachadh a thoirt dhan tidsear. Bu chòir dhut iomradh a thoirt air taghadh-facail, ìomhaigheachd agus structar-seantans. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 50–51.

9. Beachdaich air amas a' bhalaich ann a bhith a' faighneachd na ceist seo. Mìnich do fhreagairt le fianais bhon teacsa. 2

Coimhead air ais a-rithist air loidhnichean 52–56.

10. (a) “Mar gun robh mi air rudeigin èibhinn a ràdh . . .” (loidhne 54) Dèan geàrr-chunntas air na h-adhbharan a bhiodh aig na sgoilearan fanaid a dhèanamh air an tidsear. 2
- (b) “O a bhith mar mhathan bàn . . . an uair sin.” Smaoinich air an t-suidheachadh anns a bheil an tidsear. Beachdaich air na tha am meatafor-leantainneach seo a' ciallachadh. 2

Thoir sùil air an teacsa air fad.

11. Beachdaich air cho freagarrach 's a tha an tìotal. 2

Thoir suil air an teacsa air fad.

12. Tha an sgrìobhadair ag ràdh gu bheil inbhich “sàraichte, cailte ann an saoghal ùr an latha an-diugh.” Seall mar a tha an sgrìobhadair deònach fèin-mhagadh a dhèanamh oirre fhèin gus seo a dhearbhadh. Faodaidh tu eisimpleirean a thogail às an teacsa gu lèir. 2

**[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]**

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO